

FÌOR OBRAICHEAN AGUS COTHROMAN AIR FEADH NA GÀIDHEALTACHD AGUS NAN EILEAN

Fuirich Faisg, Rach fada!



Tha an iris seo ann gus do chuideachadh le bhith ag ionnsachadh mu na dh'fhaodadh tu dèanamh às dèidh na sgoile



Tha na leanas air an taobh a-staigh:

- Diofar ghnìomhachasan agus obraichean air feadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean
- Sgeulachdan fìor bho dhaoine a tha ag obair sna dreuchdan seo mar-tha
- Diofar shlighean a-steach do dh'obair, trèanadh agus colaiste no oilthigh
- Fios mun taic a tha ann dhut



Sganaich an còd QR gus sgrùdadh a dhèanamh air roinnean agus seòrsaichean obrach a dh'fheumas tàlant ùr, a bharrachd air beachdan airson dreuchdan, cuspairean agus barrachd sgeulachdan fìor.



Fìor obraichean, Fìor chothroman

Chan fheum thu co-dhùnadh an-dràsta mu na nì thu san àm ri teachd. Ach tha e na chuideachadh fios a bhith agad air dè na cothroman a tha rim faighinn faisg air an dachaigh.

Tha a' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan a' fàs gu bhith mar aon de na h-àiteachan as fheàrr airson fuireach agus obair. Thathar an dùil gun cruthaich tasgadh mòr ann an lùths uaine suas ri **16,000 obair ùr gach bliadhna**, le mìltean a bharrachd thar grunn diofar roinnean.

Chan eil e gu diofar dè na rudan anns a bheil ùidh agad no dè na rudan a tha thu math air: tha rudeigin ann dhut. Tha cothroman math dha-rìribh ann – dhutsa, dhan àm ri teachd agad, agus do do choimhearsnachd.

Gheibh thu barrachd fiosrachaidh an seo mu na cothroman seo – na diofar roinnean, na seòrsaichean obrach, slighean as urrainn dhut a ghabhail às dèidh na sgoile, agus far am faigh thu barrachd taic.

Cosnaich fhad 's a tha thu ag ionnsachadh

Fior
sgeulachdan

Kiera

Preantas Ceumnaiche
Innleadair

**Chòrd am beachd rium
a bhith ag ionnsachadh
san dreuchd agus a'
faighinn tuarastal aig
an aon àm.**

'S e Preantas Ceumnaiche ann an Innleadaireachd aig AES Renewables ann am Farrais a th' ann an Kiera. Bidh i a' cuideachadh gus pannalan grèine a dhealbhadh airson togalaichean – ag obrachadh a-mach dè a tha a dhìth agus càite as fheàrr an obraich seo. Cuid de làithean bidh i a' tadhal air làrach. Làithean eile, bidh i air laptop, a' tarraing dhealbhadh agus a' fuasgladh dhuilgheadasan.

**Tha Preantasachdan Ceumnaiche a'
ciallachadh gun urrainn dhut airgead a
chosnadh fhad 's a tha thu ag ionnsachadh.**

Ionnsaich sgilean anns an fhìor-shaoghal

**Bha mi airson faicinn
mar a tha cumhachd
ath-nuadhachail ag obair san
fhìor-shaoghal agus a bhith ag
ionnsachadh air an aon àm.**

Rogan

Oileanach ann an Innleadaireachd
Dealanach is Mheacanaigeach

Tha Rogan a' dèanamh cùrsa ann an Innleadaireachd Dealanach agus Mheacanaigeach ann an UHI Inbhir Nis. Chuir e 10 seachdainean seachad air greis-ghnìomhachais aig Tuathanas-gaoithe mara Muir Mhòr, a' sgrùdadh cruinn-gaoithe air an làraich agus a' dealbhadh phròiseactan gu didseatach.

**Chuidich an cleachdadh practaigeach seo e
gus sgilean practaigeach a thogail agus a bhith
a' tuigsinn mar a tha pròiseactan cumhachd
na gaoithe air sgèile mhòr ag obair.**

Tha Rogan airson cumail air a' fuireach ann an Inbhir Pheofharain, a' sealltainn mar as urrainn do thàlant ionadail dreuchd a thogail ann an cumhachd ath-nuadhachail faisg air an dachaigh.

Cumhachd ath-nuadhachail agus gnìomhachasan beag-carboin

Eadar thuathanasan gaoithe agus dealain-uisge agus an teicneòlas beag-carboin ùr – tha a’ Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan fìor chudromach ann a bhith a’ cruthachadh Alba nas uaine agus ann a bhith a’ cuideachadh na planaid.

Tha farsaingeachd mhòr de dh’obraichean anns na roghainnean seo. Tha cuid de na dreuchdan air a’ bhàr a-mach agus practaigeach. Tha cuid eile a’ gabhail a-steach teicneòlas, dealbhadh, fuasgladh dhuilgheadasan no a bhith ag obair le dàta.

Co-dhiù a tha thu dèidheil air saidheans no obair phractaigeach, tha iomadh slighe eadar-dhealaichte a-steach do na gnìomhachasan seo.



Dè dh-fhaodadh tu dèanamh?

- A bhith a’ cumail suas cruinn-gaoithe agus pannalan grèine
- A bhith a’ planadh siostaman lùths ath-nuadhachail
- A bhith a’ sgrùdadh làraichean-cumhachd
- A bhith a’ cleachdadh teicneòlais gus lùth a thrachadh agus duilgheadasan a chur ceart
- A bhith a’ cuideachadh gus eimiseanan a gheàrradh agus gus an àrainneachd a dhìon


Ionnsaich mu fhìor dreuchdan

- Teicneòlaich cruinn-gaoithe
- Dealanair
- Teicneòlaiche far-cladaich
- Neach-saidheans dàta
- Leasachaidh bathair-bhuig
- Geòlaiche

An robh fios agad?

Tha còrr is 80 dreuchd cudromach eadar-dhealaichte an sàs ann an cumhachd na gaoithe far-cladaich – bho riaghladh phròiseactan gu obrachaidhean agus cumail suas.

Innleadaireachd, togail agus bun-structair



Smaoinich mu dheidhinn a h-uile rud a tha timcheall ort – rathaidean, toglaichean, drochaidean, siostaman còmhdhail agus lionraidhean cumhachd.

Feumaidh cuideigin a dhealbhadh, a thogail, agus a chumail a’ dol.

Bidh feum aig pròiseactan mòra air feadh na Gàidhealtachd is nan Eilean air daoine le sgilean fad iomadh bliadhna ri teachd.

Ma tha e a’ còrdadh riut a bhith ag obair le do làmhan, a bhith cruthachail agus a’ dealbhadh fhuasglaidhean èifeachdach, dh’fhaodte gum faigh thu obair a tha ceart dhut taobh a-staigh nan roinnean seo.

Dè dh-fhaodadh tu dèanamh?

- A’ togail agus a’ cumail suas rathaidean, drochaidean agus toglaichean
- Ag obair air pròiseactan mòra leithid tuathanasan-gaoithe no ceanglaichean còmhdhail
- A’ dealbhadh structaran no siostaman le innealan didseatach
- A’ cur suas agus a’ cumail suas siostaman dealain

Ionnsaich mu fhìor dhreuchdan

- Innleadair dealain
- Innleadair-togail
- Tàthadair
- Saor
- Innleadair dealbhaidh
- Teicneòlaiche giullachd uisge

An robh fios agad?

Tha timcheall air **120,000 neach ag obair ann an innleadaireachd ann an Alba**, agus tha **190,000 an sàs ann an obair togail**. Tha fèill mhòr air na sgilean seo.



Saothrachadh agus sèine-solair



Smaoinich air na rudan a chleachdas tu gach latha – eadar am biadh a dh'itheas tu, na fònaichean agus na h-innealan a chleachdas tu, agus càraichean, baidhsagalan, fiù 's cruinn-gaoithe agus pannalan grèine. Feumaidh cuideigin na rudan seo a dhèanamh, deuchainn a dhèanamh orra agus an toirt dhan àite far am feum iad a dhol.

Bidh dreuchdan saothrachaidh agus sèine solair a' cuideachadh gus gnìomhachasan, pròiseactan agus choimhearsnachdan a chumail a' dol air feadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean.

Dè dh-fhaodadh tu dèanamh?


- A' dèanamh agus a' sgrùdadh bathar
- A' cleachdadh innealan no teicneòlais gus pàirtean a chruthachadh
- A' gluasad agus a' libhrigeadh bathar
- A' fuasgladh dhuilgheadasan gus daoine a chumail sàbhailte agus gus cur ri èifeachdas
- A' cuideachadh le bhith a' togail phròiseactan leithid tuathanasan gaoithe no togalaichean ùra

Ionnsaich mu fhìor dhreuchdan

- Teicneòlaiche saothrachaidh
- Saothraiche
- Neach-sgrùdaidh càileachd
- Co-òrdanaiche sèine-solair
- Neach-obrach taigh-bathair
- Innleadair saothrachaidh

An robh fios agad?

Tha obair saothrachaidh a' cumail taic ri mu 180,000 dreuchd ann an Alba. Tha an t-iarrtas air luchd-obrach sgileil a' sìor fhàs.



Turasachd, aoigheachd agus cur-seachadan



Bidh na milleanan de dhaoine a' tadhal air a' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan gach bliadhna. Mar thoradh air seo, tha tòrr chothroman ann an taighean-òsta, biadh, turasachd, gnìomhachdan air a' bhlàr a-muigh agus tachartasan.

Ma tha e a' còrdadh riut a bhith ag obair le daoine, a bhith gnìomhach no ann a bhith a' cruthachadh eòlasan matha do dhaoine, tha tòrr dhreuchdan eadar-dhealaichte ann.

Dè dh-fhaodadh tu dèanamh?

- Ag obair ann an taighean-òsta, cafaidhean no taighean-bìdh
- A' planadh thachartasan is chuirtean do luchd-tadhail
- A' cumail taic ri gnothaichean agus tachartasan a-muigh
- Ag ullachadh biadh is deoch
- A' cuideachadh luchd-tadhail gus an sgìre fhaicinn




Ionnsaich mu fhìor dhreuchdan

- Chef
- Stiùiriche taigh-òsta
- Treòraiche turais
- Neach-taic tachartais
- Oide air a' bhlàr a-muigh
- Neach-cuideachaidh beulaibh an taighe

An robh fios agad?

Tha turasachd agus aoigheachd nan eileamaidean mòra de eaconamaidh na h-Alba, a' cumail taic ri mu 1 às gach 9 obraichean.



Slàinte is cùram sòisealta



'S e a th' ann an cùram-slàinte is sòisealta ach a bhith a' cuideachadh dhaoine gus tighinn beò gu math agus gus taic fhaighinn. Leis gu bheil coimhearsnachdan a' fàs agus ag atharrachadh, bidh iarrtas mòr ann fhathast air daoine a tha ag obair ann an cùram-slàinte, seirbheisean cùraim agus dreuchdan taic coimhearsnachd.

Ma tha e a' còrdadh riut a bhith a' cuideachadh dhaoine, ag èisteachd riutha agus a bhith a' dèanamh diofar, dh'fhaodadh seo a bhith na dheagh roghainn dhut.



Dè dh-fhaodadh tu dèanamh?

- A bhith a' toirt cùram do dh'èuslaintich agus a' toirt taic do theaghlachan
- A bhith a' cuideachadh dhaoine airson a bhith a' fuireach gu neo-eisimeileach
- A bhith a' cumail taic ri sunnd inntinn is corporra
- A bhith ag obair mar bhall de sgioba cùram-slàinte
- A bhith a' toirt seachad seirbheisean taic coimhearsnachd

Ionnsaich mu fhìor dreuchdan

- Nurs
- Neach-obrach cùraim
- Teiripichean dreuchdail
- Neach-taic cùram-slàinte
- Neach-eiridinn
- Neach-obrach cùram sòisealta

An robh fios agad?

'S e NHS na h-Alba am fastaiche as motha san dùthaich, le còrr is 350 roghainn dreuchd rim faighinn.



Còmhdhail, loidsistigs agus seirbheisean ionadail

Le eaconamaidh a tha a' fàs, feumar barrachd dhaoine, stuthan agus bathar a ghluasad gu sàbhailte agus gu h-èifeachdach. Bidh còmhdhail agus loidistigs a' cuideachadh le bhith a' ceangail choimhearsnachdan agus a' cumail ghnìomhachasan a' dol.

Tha cothroman ann air na rathaidean, aig na puirt, ann an taighean-bathair agus thar nan seirbheisean còmhdhail poblach.



Dè dh-fhaodadh tu dèanamh?

- A bhith a' gluasad bathar is solar gu sàbhailte
- A bhith a' planadh shlighean airson libhrigidhean no còmhdhail phoblach
- A bhith a' cumail suas charbadan agus uidheam
- A bhith ag obair ann am puirt, aiseagan, agus còmhdhail gus an ruith cùisean gu math
- A bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil coimhearsnachdan ceangailte



Ionnsaich mu fhìor dhreuchdan

- Draibhear HGV
- Co-òrdanaiche loidsistigs
- Teicneòlaiche charbadan
- Neach-obrach aiseig
- Neach-taic taigh-bathair
- Dealbhadair baile

An robh fios agad?

Tha 150,000 daoine ag obair ann an roinn na còmhdhail ann an Alba, **6% den fheachd-obrach air fad.**

Diofar shlighean a dh'obair



Chan fheum thu co-dhùnadh an-dràsta dè a nì thu san àm ri teachd.

Tha iomadh diofar slighe a-steach a dh'obair. Bidh cuid a' dol a-steach gu dìreach dhan àite-obrach, mar eisimpleir, tro phreantasachd, bidh cuid eile a' dol dhan cholaiste no dhan oilthigh, nì cuid obair shaor-thoileach gus eòlas fhaighinn, agus bidh cuid eile a' tòiseachadh a' ghnìomhachais aca fhèin.



Slighean ri sgrùdadh

Bun-phreantasachdan

Nua-phreantasachdan

Preantasachdan Ceumnaiche

Colaiste

Oilthigh

Greis-
gnìomhachais

Saor-thoileachas

A'
tòiseachadh do
ghnìomhachas
fhèin

Aig àm nuair a tha leasachadh is tasgadh a' sior fhàs air feadh a' Chinn a Tuath, cha robh an t-iarrtas airson luchd-obrach ionadail sgileil is dìcheallach riamh cho mòr.

Callum Cruden
Stiùiriche
RI Cruden

Tha a bhith ag obair gu dlùth le sgoiltean is colaistean gus tàlant a bhrosnachadh ro-chudromach airson soirbheas leantainneach agus fàs gnìomhachas na h-aigheachd.

Ina Davies
Manaidsear Coitcheann
Courtyard by Marriot Port-adhair Inbhir Nis

Taic le dreuchdan anns an sgoil agad

Nach eil thu cinnteach dè tha thu airson dèanamh às dèidh na sgoile? Chan fheum thu a h-uile rud obrachadh a-mach thu fhèin.

Tha comhairliche dhreuchdan aig Leasachadh Sgilean na h-Alba san sgoil agad gus do chuideachadh le bhith a' coimhead air na roghainnean agad agus le bhith a' planadh nan ath cheumannan agad.

Cuidichidh iad thu gus:

- Tuigsinn dè na rudan air a bheil thu math agus dè tha a' còrdadh riut
- Obraichean agus cothroman a lorg faisg air an dachaigh
- Faicinn mar a dh'fhaodadh na dreuchdan san iris seo a bhith ceart dhut
- Cuspairean sgoile agus roghainnean colaiste a thaghadh
- Rannsachadh a dhèanamh air colaiste is oilthigh, preantasachdan agus obraichean eile
- Ullachadh airson iarrtasan agus agallamhan

Taic a tha freagarrach dhutsa

- Gabh pàirt ann an seiseanan buidhne air roghainnean a thaobh cùrsaichean agus slighean dreuchd
- Thig a-steach airson còmhraidh aghaidh-ri-aghaidh nuair a bhios feum agad air

Tha iad càirdeil, taiceil agus ann gus do chuideachadh le bhith a' dèanamh roghainnean misneachail mu na nì thu san àm ri teachd.

Càite eile am faigh thu cuideachadh?

Cuir fòn chun na loidhne-chuideachaidh againn air **0800 917 8000**. Tha an loidhne-cuideachaidh gu sònraichte math air taic a thoirt dhut air a' fòn. Tha cuid de bhuill an sgioba na comhairlichean dreuchdail agus bu toil leotha bruidhinn riut.

Nua-phreantasachd

Sgeulachdan
fìor



Nì mi rudeigin eadar-dhealaichte gach latha air a' phreantasachd agam. Chan e an aon stàladh no an aon obair a th' ann uair sam bith.

Cosima

Nua-phreantas
RI Cruden

Bha fios riamh aig Cosima, a chaidh gu Acadamaidh Baile Theàrlaich, gun robh i ag iarraidh dreuchd phractaigeach. Rè a preantasachd le RI Cruden, tha Cosima air a bhith ag obair air a h-uile rud bho ath-leasachadh Caisteal Inbhir Nis gu obraichean beaga air teasachadh dachaigheil. Tha i cuideachd air obair shaor-thoileach a dhèanamh gus dealanairean RI Cruden a chuideachadh gus pannalan grèine a stàladh gus leantainn air adhart leis an ionnsachadh aice.

Dè th' ann am preantasachd?

Le preantasachdan, tha thu ag obair agus ag ionnsachadh.

Mar phreantas, bidh thu:

- Ag obair do dh'fhastaiche
- Ag ionnsachadh agus a' faighinn teisteanas – bho ìre 4 SCQF gu ìre ceuma
- Faodaidh tu taghadh bho phreantasachdan a mhaireas eadar 1 bhliadhna agus 5 bliadhna
- Tagh bho raon farsaing de chòrr is 100 preantasachd

Gheibh thu tòrr a-mach à preantasachd:

- Ag ionnsachadh sgilean obrach luachmhor
- A' togail do mhisneachd
- A' cur do dhreuchd air bhog
- A' cosnadh tuarastal
- A' faighinn teisteanas

Tha trì diofar sheòrsaichean phreantasachdan ann an Alba.

- 'S e roghainn cuspair san sgoil a th' ann am Bun-phreantasachdan do sgoilearan a tha ag iarraidh eòlas obrach fìor-bheatha agus teisteanas fhaighinn
- 'S e a th' ann an nua-phreantasachdan ach dreuchdan far am bi thu ag obair, ag ionnsachadh agus a' cosnadh.
- 'S e a th' ann am Preantasachdan Ceumnaich ach dreuchdan far am faigh thu obair, pàigheadh agus ceum agus tu a' cur seachad pàirt den ùine agad ag ionnsachadh san oilthigh.

Gheibh thu fios mu Nua-phreantasachdan agus Preantasachdan Ceumnaiche air apprenticeships.scot, bruidhinn ris an tidsear treòrachaidh agad mu Bhun-phreantasachdan.

Chan eil sinn dìreach ag amas air tàlant a thàladh, ach a bhith a' cruthachadh àrainneachd far an soirbhich daoine agus far an cuir iad ris na sgilean san roinn.

Iain Pocock

Stiùiriche Portfolio –
Obrachadh is Cumail Suas
So-mhaoinean (AOM) RSE

Tha feum a tha a' sìor fhàs air tàlant air feadh roinn na slàinte is a' chùraim, agus tha fios againn gum bi feachd-obrach an àm ri teachd a' tòiseachadh le daoine òga an latha an-diugh.

Megan Glass

Prìomh Oifigear Comas
Cosnaidh
NHS na Gàidhealtachd

Tòisichidh na h-ath cheumannan agad an seo

Rach gu My World of Work airson na leanas:

- A bhith ag ionnsachadh mu dhreuchdan agus preantasachdan
- Gus molaidhean obrach fhaighinn a rèir d' ùidhean agus nan cuspairean a tha thu a' dèanamh
- A bhith a' coimhead air bhideothan agus a bhith ag èisteachd ri sgeulachdan fìor
- Gus barrachd fiosrachaidh fhaighinn mu chothroman ionadail
- Airson a bhith a' luchdachadh a-nuas nam PDFan Beurla is Gàidhlig den iris seo



Sganaich an còd QR gus sgrùdadh a dhèanamh air roinnean agus seòrsaichean obrach a dh'fheumas tàlant ùr, a bharrachd air beachdan airson dreuchdan, cuspairean agus barrachd sgeulachdan fìor.

Cuir fòn chun na loidhne-chuideachaidh againn air **0800 917 8000**. Tha an loidhne-chuideachaidh gu sònraichte math air taic a thoirt dhut air a' fòn. Tha cuid de bhuill an sgioba nan comhairlichean dreuchdail agus bu toil leotha bruidhinn riut.

Faodaidh tu bruidhinn ris an tidsear treòrachaidh agad cuideachd mu bhith a' cur coinneamh air dòigh leis a' chomhairliche dhreuchdan agad aig Leasachadh Sgilean na h-Alba gus beachdachadh air na roghainnean agad agus na h-ath cheumannan agad.

Com-pàirtichean Luchd-obrach a Tuath

'S e com-pàirteachas eadar an roinn phoblach agus an roinn phrìobhaideach a th' ann an Luchd-obrach a Tuath (*Workforce North*). 'S e an t-amas aige am feum as fheàrr a dhèanamh às an tasgadh ann an lùths uaine agus daoine a cheangal ri cothroman agus obraichean matha, a' dèanamh cinnteach gum bi na coimhearsnachdan againn soirbheachail.

